

## Higher Gaelic (Learners) Talking - Learning - School

**Colin and teacher Mrs MacKay talk about school.**

**Mrs MacKay:** Feasgar math, a Chailein. Ciamar a tha thu an-diugh?

**Colin:** Tha mi gu math, a Bhean-phòsta NicAoidh. Ciamar a tha sibh fhèin?

**Mrs MacKay:** Tha mi gu math tapadh leat. A-nise, an inns thu dhomh mu dheidhinn na sgoile agad?

**Colin:** Innsidh. 'S e sgoilear a th' annam air a' chòigeamh bliadhna anns an àrd-sgoil. Tha an sgoil a' còrdadh rium gu mòr. Chaidh mi dhan bhun-sgoil an-ath-dhoras. Feumaidh mi coiseachd dhan sgoil oir tha mi a' fuireach ro fhaisg air làimh airson am bus fhaighinn. Am-bliadhna, tha mi air sia cuspairean a dhèanamh aig Àrd Ìre. A bharrachd air Matamataig, Beurla agus Gàidhlig, tha mi air Cruinn-eòlas, Ceimigeachd agus Ceòl a dhèanamh. Tha mi an dòchas gu bheil mi a' dol a dh'fhaighinn comharran matha ach feumaidh mi obair chruaidh a dhèanamh fhathast.

**Mrs MacKay:** Dè an cuspair as fheàrr leat agus carson?

**Colin:** 'S e Ceòl an cuspair as fheàrr leam. Tha mi a' smaoinichadh gu bheil mi math air Ceòl. Bidh mi a' seinn na pìob ann an còmhlan-pìoba a' bhaile agus bidh sinn a' dol gu farpaisean. Bhuannaich sinn tiotal aig farpais nàiseanta an-uiridh agus chòrd sin rium gu mòr. Is fìor thoigh leam an tidsear agam, Maighstir Moireasdan. Tha mi a' smaoinichadh gu bheil e uabhasach cuideachail agus glè thuigseach. 'S i a' phìob-mhòr an ionnsramaid a th' agam airson Àrd Ìre, cuide ri guth.

**Mrs MacKay:** Ò seadh, agus am bi thu a' seinn anns a' Ghàidhlig?

**Colin:** Cha bhi. Uill, cha bhi fhathast!

**Mrs MacKay:** Dè do bheachd air a' Ghàidhlig mar chuspair?

**Colin:** Tha Gàidhlig a' còrdadh rium. Thòisich mi ag ionnsachadh Gàidhlig anns a' bhun-sgoil. Rinn mi Nàiseanta 5 [a còig] an-uiridh, agus fhuair mi A. Bha mi toilichte le sin. Chan eil mi fileanta fhathast.

# Bitesize

**Mrs MacKay:** Am bu toigh leat a bhith fileanta?

**Colin:** Bu toigh l'. Bu toigh leam a bhith fileanta. Tha mi den bheachd gu bheil Gàidhlig glè chudromach airson Alba agus airson an teaghlaich agam.

**Mrs MacKay:** Is math sin. A bheil cuspair ann nach eil a' còrdadh riut cho math?

**Colin:** Tha mi caran coma mu dheidhinn Beurla. Cha do chòrd e rium idir am-bliadhna. Bha mi a' smaoineachadh gun robh an leabhar a rinn an clas agam glè dhoirbh agus cha robh mi a' tuigsinn na bàrdachd idir.

**Mrs MacKay:** Seadh. Am bi thu a' fuireach san sgoil an-ath-bhliadhna?

**Colin:** Tha mi an dùil fuireach san sgoil airson bliadhna eile. Nì mi Gàidhlig agus Ceòl aig Sàr Àrd Ìre agus 's dòcha gun dèan mi Spàinntis aig Ìre Nàiseanta 5 [a còig]. Tha mi a' faireachdainn ro òg fhathast airson an sgoil fhàgail agus bhiodh e math a bhith ag obair agus a' faighinn beagan airgid mus tèid mi dhan oilthigh.

**Mrs MacKay:** Càit am bu toigh leat a dhol dhan oilthigh?

**Colin:** Bu toigh leam a dhol dhan Chonservatoire Rìoghail ann an Glaschu. Bhithinn airson pìobaireachd agus seinn a dhèanamh. Tha ùidh mhòr agam ann an ceòl agus 's e sin an cur-seachad as fheàrr leam cuideachd.

**Mrs MacKay:** An inns thu dhomh beagan a bharrachd mu dheidhinn do chur-seachad ma-thà...?